Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – An Cùrsa Inntrigidh

’S e an Rianadair Dàta airson an fhiosrachaidh a thathar a’ cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

A thaobh cheistean no dhraghan sam bith a th’ agaibh mu mar a thathar a’ cleachdadh ur dàta pearsanta, faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

Tha an aithris seo air prìobhaideachd a’ buntainn ris na leanas:

An Cùrsa Inntrigidh – Clàradh

Leis a’ phròiseas seo, bidh oileanaich a’ dearbhadh gu bheil dàta, a chaidh a chruinneachadh san iarrtas aca no nuair a chlàr iad aig amannan eile ron seo, ceart no bidh iad a’ deasachadh leithid a dhàta agus bidh iad a’ cur aonta ri cumhachan is cùmhnantan clàraidh Sabhal Mòr Ostaig. Feumaidh oileanaich clàradh airson gach pàirt dhen chùrsa seo, sa bheil trì pàirtean.

Cleachdar am fiosrachadh agaibh airson nan adhbharan seo:

Adhbhar 1: Cùisean acadaimigeach	Cùisean acadaimigeach, leithid: A’ toirt seachad ar prìomh sheirbheisean teagaisg, ionnsachaidh is rannsachaidh (me, ro-chlàradh, measaidhean, frithealadh, a’ stiùireadh adhartas, rannsachadh air droch ghiùlan acadaimigeach, teisteanasan) • A’ cumail chlàran nan oileanach (airson dèanamh cinnteach gu bheil dàta ceart againn airson nan oileanach) • A’ dèanamh chairtean-aithneachaidh do dh’oileanaich
Adhbhar 2: Taic do dh’oileanaich	A’ toirt sheirbheisean taice oileanach seachad (mar eisimpleir, taic acadaimigeach phearsanta (PAT) agus taic a bharrachd dhan fheadhainn a tha ga h-iarraidh).
Adhbhar 3: Leabharlann is TFC	A’ toirt sheirbheisean leabharlainn, TF is fiosrachaidh seachad (mar eisimpleir, cothrom air stuthan cùrsa agus seirbheisean leabharlainn) Mar phàirt de seo, thèid ur n-ainm, àireamh oileanach, agus seòladh puist-d airson an oilthigh a chur ri liosta phost-d UHI air am faod gach neach-obrach is oileanach a tha mar phàirt de chom-pàirteachas SMO agus luchd-obrach HISA coimhead. Tha an liosta seo a’ cuideachadh luchd-obrach is oileanaich eile a tha airson post-d a chur thugaibh agus cuidichidh e sibhse gus fios a chur gu luchd-obrach is oileanaich eile. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air mar a chleachdar dàta an lùib Brightspace an seo. Tha a’ bhuidheann a’ gleidheadh na còrach gus cothrom fhaighinn coimhead air no èisteachd ri faidhlichean is conaltradh a thèid a chruthachadh ann an siostaman SMO (a’ gabhail a-steach nan siostaman a gheibhear airson obair SMO) agus gheibhear fios air sin sa Phoileasaidh seo airson a bhith Cleachdadh Siostaman TFC gu h-Iomchaidh.

SABHAL MÒR OSTAIG

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – An Cùrsa Inntrigidh

Adhbhar 4: Maoineachadh gu leòr	Gus dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh gu leòr aig a' Cholaiste bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba agus gus cuideachadh le obair rianachd airson chìsean oileanach agus le bhith a' faighinn airgead nan cìsean.
Adhbhar 5: Toraidhean is staitistearachd	Adhbharan rianachd eile, leithid sgrùdadh staitistigeil airson inbhean acadaimigeach, taic do dh'oileanaich, dearbhachd càileachd agus piseach a thoirt air càileachd, stiùireadh a' ghnothachais agus adhbharan leasachaidh. Cuideachd, a' cruthachadh is a' cur a-steach thoraidhean staitistigeil gu buidhnean leithid HESA (A' Bhuidheann Staitistearachd airson Foghlam Àrd-ìre) is SFC (Comhairle Maoineachaidh na h-Alba).
Adhbhar 6: Inbhean Acadaimigeach	A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri inbhean acadaimigeach àrda agus gu bheil siostaman comharrachaidh èifeachdach ann (mar eisimpleir, a' dearbhadh gur iad na h-oileanaich fhèin a rinn an obair agus a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart ann airson mhodhan co-mheasaidh taobh a-staigh na colaiste).
Adhbhar 7: An Comann Alumni agus ceanglaichean ri alumni	Gus ceanglaichean leantainneach a thogail ri ar n-alumni a bhios gu buannachd na colaiste agus gu buannachd nan alumni fhèin. Gus fios a chumail riutha tro chuairt-litrichean, gus buannachdan is seirbheisean a thoirt dhaibh agus gus taic iarraidh bho alumni. Thèid luchd-ceumnachaidh bho thòrr chùrsaichean a chlàradh gu fèin-ghnìomhach ann an Comann Alumni SMO – faicibh am fiosrachadh mu phrìobhaideachd an seo. Faodaidh sibh iarraidh gun a bhith nur ball le bhith a' cur post-d gu alumni@smo.ac.uk.
Adhbhar 8: Conaltradh èiginneach	'S dòcha gum bi againn ri bruidhinn ribh ann an cabhag, air a' fòn, le brath-teacsa agus/no post-d, gus fiosrachadh no stiùireadh cudromach a thoirt dhuibh. Mar eisimpleir, gus innse dhuibh gu bheil togalach dùinte no mu chùisean co-cheangailte ri slàinte a' phobaill (leithid bacaidhean COVID). Thèid brath-teacsa sam bith a chur chun na h-àireimh fòn-làimhe a bheir sibh dhuinn (ma bheir sibh tè dhuinn). Gheibhear am fiosrachadh mu phrìobhaideachd a thaobh a bhith a' cur bhrathan-teacsa gu oileanaich an seo.
Adhbhar 9: A' cur fios thugaibh	'S dòcha gun cuir Sabhal Mòr Ostaig no an luchd-compàirt acadaimigeach againn fios thugaibh ann am post-d a thaobh fear sam bith de na h-adhbharan eile a gheibhear san fhiosrachadh seo mu phrìobhaideachd, no mu chùis eile co-cheangailte ris an ionnsachadh agaibh aig Sabhal Mòr Ostaig. A thuilleadh air na puist-d, 's dòcha gun cuir Sabhal Mòr Ostaig no an luchd-compàirt acadaimigeach againn brath-teacsa thugaibh airson diofar adhbharan. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' cur bhrathan-teacsa san fhiosrachadh seo mu phrìobhaideachd a thaobh a bhith a' cur bhrathan-teacsa.
Adhbhar 10: Sgrùdadh is aithisgean air co-ionannachd	Gus taic a chumail ri, piseach a thoirt air agus sgrùdadh a dhèanamh air co-ionannachd chothroman agus co-ionannachd a thaobh mar a thèid dèiligeadh ri daoine. A' gabhail cheumannan gus taic a chumail ri is sgrùdadh a dhèanamh air co-ionannachd a rèir cumhachan Achd na Co-ionannachd 2010. Agus ag ullachadh is a' dèanamh measadh air aithisgean sam bith a bhios a dhìth a thaobh an dleastanais sin. An lùib seo bithear a' cleachdadh fiosrachadh sam bith

	a bheir sibh seachad, co-cheangailte ri sgrùdaidhean air co-ionannachd, nuair a bhios sibh a' cur a-steach no a' clàradh airson Sabhal Mòr Ostaig.
Adhbhar 11: Adhbharan acadaimigeach is a' dèanamh rannsachadh air cùisean	Tha Sabhal Mòr Ostaig air inbhean is riaghailtean a stèidheachadh a thaobh dhòighean-giùlain an luchd-obrach is nan oileanach aca. Tha iad sin a' gabhail a-steach gach poileasaidh, modh-obrach agus stiùireadh aig a' Cholaiste. 'S dòcha gum feum Sabhal Mòr Ostaig dàta pearsanta nan oileanach a chleachdadh gus rannsachadh a dhèanamh air suidheachaidhean far am faodadh e a bhith nach deach cumail ris na h-inbhean no riaghailtean. Dh'fhaodadh gum bi agaibh ri cumail ri barrachd riaghailtean ma tha sibh a' fuireach air làrach Sabhal Mòr Ostaig. Dh'fhaodadh gun dèan Sabhal Mòr Ostaig rannsachadh ma tha iad dhen bheachd gun deach riaghailtean a bhristeadh no ma gheibh iad gearan. Nuair a tha adhbhar aig Sabhal Mòr Ostaig a bhith dhen bheachd gun do ghiùlain sibh sibh fhèin ann an dòigh a bhrist na riaghailtean no poileasaidhean aca, 's dòcha gun dèan iad rannsachadh fo na poileasaidhean giùlain aca no na riaghailtean acadaimigeach. 'S dòcha gun dèan Sabhal Mòr Ostaig rannsachadh fo dhiofar riaghailtean is poileasaidhean a rèir dè an suidheachadh a th' ann.
Adhbhar 12: Dearbhadh air teistean is teisteanasan	Ma chuireas sibh a-steach airson obair shaor-thoileach/obair no a bhith ag ionnsachadh aig, no a bhith ag obair còmhla ri, buidheann dh'fhaodadh gun iarr iad air Sabhal Mòr Ostaig dearbhadh a dhèanamh air na teisteanasan is eachdraidh acadaimigeach agaibh no gun iarr iad teist bho Shabhal Mòr Ostaig. Bheir Sabhal Mòr Ostaig teistean seachad, ann an dìomhaireachd, dhan fheadhainn a dh'iarras iad.
Adhbhar 13: Dearbhachd càileachd is a' toirt piseach air càileachd	Tha aig Sabhal Mòr Ostaig ri cumail ri inbhean àrda a thaobh foghlaim is sheirbheisean oileanach, agus tha iad daonnan a' sireadh chothroman gus piseach a thoirt air na seirbheisean aca. Gus sin a dhèanamh, dh'fhaodadh gun cleachd Sabhal Mòr Ostaig dàta pearsanta no gun sgaoil iad ceisteachan gus measadh a dhèanamh air ìrean càileachd agus beachdan no fiosrachadh a thrusadh a chuidicheas iad gus na seirbheisean aca a leasachadh.
Adhbhar 14: Fiosrachadh-conaltraidh èiginn	Thèid am fiosrachadh a gheibhear a chumail gu tèarainte agus cha chleachdar e ach nuair a bhios suidheachadh-èiginn ann. Tha e againn gus an urrainn dhuinn fios, agus am fiosrachadh as ùire, a thoirt dhan neach a tha sibh air ainmeachadh mar neach gun cuir sinn fios ma bhios èiginn ann. Feumaidh sibh cead fhaighinn bhon neach-chonaltraidh èiginn agaibh gus am fiosrachadh pearsanta aca a chleachdadh.

'S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh:

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 1: Cùisean acadaimigeach, Adhbhar 2: Taic do dh'oileanaich, Adhbhar 3: Leabharlann is TFC, Adhbhar 4: Maoineachadh gu leòr, Adhbhar 5: Toraidhean is staitistearachd, Adhbhar 11: Adhbharan acadaimigeach is a' dèanamh rannsachadh air cùisean, Adhbhar 13: Dearbhachd càileachd is a' toirt piseach air càileachd

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh gus cùmhnant a chur an sàs còmhla ribh no gus ceumannan a ghabhail, nuair a dh'iarras sibh oirnn, mus tèid leithid a chùmhnant

aontachadh. Sin an cùmhnant eadar Sabhal Mòr Ostaig agus na h-oileanaich is luchd-obrach rannsachaidh aca is daoine eile gus stuthan agus/no seirbheisean foghlaim is eile a thoirt seachad agus gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuibh pàirt a ghabhail ann am prìomh eileamaidean a' chùrsa agaibh.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 2: Taic do dh'oileanaich Adhbhar 4: Maoineachadh gu leòr, Adhbhar 6: Inbhean Acadaimigeach Adhbhar 8: Conaltradh èiginneach, Adhbhar 10: Sgrùdadh is aithisgean air co-ionannachd, Adhbhar 11: Adhbharan acadaimigeach is a' dèanamh rannsachadh air cùisean Adhbhar 13: Dearbhachd càileachd is a' toirt piseach air càileachd

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh. 'S iad na dleastanasan laghail sin: an dleastanas gus dàta staitistearachd is aithisgean a thoirt seachad gus dearbhadh do dhiofar bhuidhnean gu bheil Sabhal Mòr Ostaig a' cumail ri inbhean acadaimigeach agus gu bheil maoineachadh gu leòr againn agus gu bheil sinn a' coileanadh nan dleastanasan againn. Cleachdar dàta gus sgrùdadh a dhèanamh air is piseach a thoirt air co-ionannachd chothroman is air mar a gheibhear cothrom co-ionann air nithean, agus an lùib sin nithear aithris air an obair sin, mar a dh'fheumar fo Achd na Co-ionannachd 2010. 'S dòcha gun cuir Sabhal Mòr Ostaig ceisteachain thugaibh no gun cleachd sinn an dàta agaibh airson dearbhachd càileachd no airson adhbharan leasachaidh, a rèir nan dleastanasan laghail againn gus ìrean na h-obrach is nan seirbheisean againn do dh'oileanaich is dhan choimhearsnachd a ghleidheadh is a leasachadh.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 1: Cùisean acadaimigeach, Adhbhar 2: Taic do dh'oileanaich, Adhbhar 3: Leabharlann is TFC, Adhbhar 5: Toraidhean is staitistearachd, Adhbhar 11: Adhbharan acadaimigeach is a' dèanamh rannsachadh air cùisean, Adhbhar 12: Dearbhadh air teistean is teisteanasan, Adhbhar 13: Dearbhachd càileachd is a' toirt piseach air càileachd

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh gus obair a dhèanamh a chum leas a' phobaill no leis an ùghdarras oifigeil a th' againn. 'S e sin, an obair phoblach a nì Sabhal Mòr Ostaig mar ionad foghlaim. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh gun cuir sinn fios thugaibh gus comhairle no stiùireadh a thoirt dhuibh a rèir fiosrachadh a thug sibh dhuinn agus gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuibh pàirt a ghabhail ann am prìomh eileamaidean a' chùrsa agaibh. 'S dòcha gun cuir Sabhal Mòr Ostaig ceisteachain thugaibh no gun cleachd sinn an dàta agaibh airson dearbhachd càileachd no airson adhbharan leasachaidh, mar phàirt dhen obair phoblaich againn gus ìrean na h-obrach is nan seirbheisean againn, do dh'oileanaich is dhan choimhearsnachd, a ghleidheadh is a leasachadh.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 9: A' cur fios thugaibh, Adhbhar 12: Dearbhadh air teistean is teisteanasan, Adhbhar 13: Dearbhachd càileachd is a' toirt piseach air càileachd

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: 'S dòcha gun cuir Sabhal Mòr Ostaig agus ar luchd-compàirt acadaimigeach fios thugaibh airson diofar adhbharan, buinidh an stèidh laghail a bhios againn ris an adhbhar a th' againn gus fios a chur thugaibh. Ma chuirear fios thugaibh airson adhbhar sam bith a chithear san fhiosrachadh seo, nithear sin air an aon stèidh laghail 's a th' againn airson an adhbhair sin. Cuideachd, 's dòcha gun cuir UHI no an luchd-compàirt acadaimigeach aca brath-teacsa thugaibh – gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' cur bhrathan-teacsa thugaibh, a' gabhail a-steach

fiosrachadh mun stèidh laghail airson sin, san fhiosrachadh seo mu phrìobhaideachd a thaobh a bhith a' cur bhrathan-teacsa.

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 14: Fiosrachadh-conaltraidh èiginn

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: : Feumar a chleachdadh air adhbharan dligheach a th' aig Sabhal Mòr Ostaig.

'S e adhbhar dligheach an rianadair: Gun urrainn dhuinn fios a chur chun, no bruidhinn ris, an neach ainmichte aig oileanach ma bhios cùis-èiginn ann.

Tha an dàta a bhios sinn a' cleachdadh a' gabhail a-steach dàta de sheòrsa sònraichte (dìomhair). Bidh sinn a' cleachdadh dàta dìomhair fo na cumhachan laghail agus airson nan adhbharan laghail a leanas:

Adhbhar 2: Taic do dh'oileanaich Mar phàirt dhen taic a gheibh sibh mar oileanach, dh'fhaodadh gun toir sibh dàta pearsanta, dìomhair seachad. Cleachdar an dàta sin gus taic a thoirt dhuibh is dìon a chur oirbh nuair a bhios feum air sin. Bidh leithid a ghnìomhan a dhìth fon Achd airson Foghlam (nas sine na 16), Achd na Co-ionannachd, Achd na Cloinne is nan Daoine Òga, fon Dleastanas-chùraim Choitcheann, Achd na Slàinte-inntinn (Alba.

Adhbhar 5: Toraidhean is staitistearachd
Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' cleachdadh dàta de sheòrsa sònraichte le bhith ga thoirt do Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba nuair a dh'fheumas sinn. Bithear ga thoirt seachad mar seo air an stèidh gum feumar a thoirt seachad air adhbharan co-cheangailte ri leas poblach susbainteach, agus air stèidh laghail fo na leanas: Achd an Fhoghlaim Adhartaich is Àrd-ìre (Alba) 1992, Achd an Fhoghlaim Adhartaich is Àrd-ìre (Alba) 2005 agus reachdas an Aonaidh Eòrpaich co-cheangailte ri Maoin Shòisealta na h-Eòrpa.

Adhbhar 6: Inbhean Acadaimigeach & Adhbhar 11: Adhbharan acadaimigeach is a' dèanamh rannsachadh air cùisean
Airson dèanamh cinnteach gu bheil rannsachaidhean a nithear cothromach, feumaidh Sabhal Mòr Ostaig beachdachadh air gach pìos fianaise a tha a' buntainn ris a' chùis. Uaireannan dh'fhaodadh e a bhith gum bi dàta de sheòrsa sònraichte mar phàirt dhen fhianais, no gum bi an fhianais co-cheangailte ris an t-seòrsa dàta sin. Nuair a thachras sin, beachdaichidh Sabhal Mòr Ostaig air cùisean feuch am biodh e laghail am fiosrachadh a chleachdadh a rèir suidheachadh sònraichte na cùise.

Adhbhar 10: Sgrùdadh is aithisgean air co-ionannachd
Feumaidh Sabhal Mòr Ostaig an dàta a chleachdadh gus an urrainn dhuinn ar dleastanas laghail a choileanadh (fo laghan dìona sòisealta) agus sinn ga chleachdadh san dòigh a dh'fheumas sinn fon lagh (Achd na Co-ionannachd 2010) agus sin a chum maith a' phobaill. Dh'fhaodadh gun cleachdar dàta gus taic is cuideachadh a thabhainn agus a thoirt do dhaoine mar a bhios freagarrach fo Achd

na Co-ionannachd. Cuideachd, feumar an dàta a chleachdadh air adhbharan co-cheangailte ri leas poblach susbainteach, 's iad sin: a' dèanamh sgrùdadh air co-ionannachd chothroman agus co-ionannachd a thaobh mar a thèid dèiligeadh ri daoine agus a' comharrachadh gu bheil leithid a cho-ionannachd ann no nach eil i ann. Cumar an dàta sònraichte, dìomhair uile ann an àite tèarainte.

Mura toireadh sibh am fiosrachadh pearsanta seachad a tha a dhìth oirnn sa phròiseas chlàraidh, seo na thachradh:
Cha b' urrainn do Shabhal Mòr Ostaig ur clàradh airson a' chùrsa agaibh. Bhiodh sin a' ciallachadh nach b' urrainn do Shabhal Mòr Ostaig teagasg no seirbheisean oileanach a thoirt dhuibh; dheigheadh cur às dhan chunntas cholaiste agaibh agus dheigheadh dàil no stad a chur air iarrtasan maoineachaidh no iarrtasan bursaraidh a chuir sibh a-steach. Cha b' urrainn do Shabhal Mòr Ostaig fios a chur gu neach ainmichte nan èireadh cùis-èiginn..

Thèid, no 's dòcha gun tèid, ur dàta a cho-phàirteachadh leis an luchd-fhaotainn no na seòrsaichean luchd-faotainn a leanas:

- Colaistean is ionadan-ionnsachaidh a tha mar phàirt de dh'Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.
- Colaistean na h-Alba.
- Comann Oileanach na Gàidhealtachd is nan Eilean (HISA). Gheibhear fiosrachadh mu dhìon dàta aig HISA, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu phrìobhaideachd co-cheangailte ris na h-adhbharan a bhios againn gus dàta a thoirt dha HISA, an seo.
- Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC). Gheibhear fiosrachadh mu dhìon dàta aig an SFC, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu phrìobhaideachd co-cheangailte ris na h-adhbharan a bhios againn gus dàta a thoirt dhan SFC, an seo.
- A' Bhuidheann Staitistearachd airson Foghlam Àrd-ìre (HESA). Gheibhear fiosrachadh mu dhìon dàta aig HESA, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu phrìobhaideachd co-cheangailte ris na h-adhbharan a bhios againn gus dàta a thoirt dha HESA, an seo.
- Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTC). Gheibhear fiosrachadh mu dhìon dàta aig a' GTC, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu phrìobhaideachd co-cheangailte ris na h-adhbharan a bhios againn gus dàta a thoirt dhan GTC, an seo.
- Fastaichean, Ionadan Acadaimigeach, no buidhnean eile ris a bheil ceangal agaibh no chun a chuireas sibh iarrtas. Ma chuireas sibh a-steach airson obair shaor-thoileach/obair, no a bhith ag ionnsachadh aig, no a bhith ag obair còmhla ri, buidheann dh'fhaodadh gun iarr iad air Sabhal Mòr Ostaig dearbhadh a dhèanamh air na teisteanasan is eachdraidh acadaimigeach agaibh no gun iarr iad teist bho Shabhal Mòr Ostaig.

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – An Cùrsa Inntrigidh

Thèid, no ’s dòcha gun tèid, pàirt dhen dàta phearsanta agaibh a cho-phàirteachadh le treas partaidh a tha fo chùmhnant againn gus an urrainnear seirbheisean a thoirt seachad a thaobh teagasg, ionnsachadh agus taic rianachd agus TF. Tha iad seo a’ gabhail a-steach:

- Siostam-cheisteachan (Bristol online surveys)

Thèid an dàta agaibh a chumail ann an siostam chlàran oileanach an oilthigh agus a rèir clàran-ama gleidhidh siostam nan clàran oileanach; gheibhear geàrr-chunntas air sin bho Chlàran Oileanach aig Prìomh Oifis UHI. Àireamh-fòn: 01463 279 000 no cuiribh fios thuca air-loidhne an seo.

Seo na còraichean a th’ aig na daoine ris am buin an dàta:

• A’ chòir gus cothrom fhaighinn air an dàta phearsanta agaibh
• A’ chòir gus a cheartachadh ma tha mearachdan san dàta phearsanta a th’ againn mur deidhinn
• A’ chòir gus mar a chleachdar an dàta pearsanta agaibh a chuingealachadh

Tha na còraichean a leanas agaibh dìreach ann an cuid a shuidheachaidhean:

• A’ chòir gus an cead agaibh a tharraing a thaobh a bhith a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh nuair a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh air an stèidh laghail, gun d’ fhuair sinn ur cead
• A’ chòir gus cur an aghaidh mar a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh
• A’ chòir gus iarraidh oirnn an dàta pearsanta agaibh a dhubhadh às
• A’ chòir air dàta a bhios so-ghiùlan

Cuideachd, tha a’ chòir agaibh gus gearan a thogail le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh mu mar a chleachd sinn ur dàta.

’S e a th’ ann an Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, ùghdarras neo-eisimeileach na RA a chaidh a stèidheachadh airson dìon a chur air còraichean fiosrachaidh a chum leas a’ phobaill. Seo an làrach-lìn aca www.ico.org.uk.